



‘Trubhal is Mearachd’: Suirbhidh Fheumalachdan Cleachdaiche Poblach airson Arc- eòlas

COMHAIRLE ARC-EÒLAIS BHREATAINN
ARC-EÒLAS TAIGH-TASGAIDH LUNNAINN
ISSN: 1754-8691

Chaidh pròiseact Suirbhidh Fheumalachdan Cleachdaiche Poblach 2 (PUNS2) a choileanadh bho 2023 gu 2025 le Comhairle Arc-eòlais Bhreatainn agus MOLA.

Maoinichte le Sasann Eachdraidheil, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Cadw, dh'ath-thadhail am pròiseact air an t-suirbhidh 1999 PUNS thùsail a thaobh fhoillseachaidhean obair-làraich arc-eòlasach, ag amas air tuigsinn mar a tha fàs ann an cleachdaidhean didseatach, meadhanan sòisealta, agus àrd-ùrlaran air-loidhne, air buaidh a thoirt air ruigsinneachd a' phobaill air toraidhean arc-eòlasach. Tha na toraidhean a' togail air cudromachd a bhith a' tuigsinn feumalachdan luchd-èisteachd còmhla ri roghainnean com-pàirt agus riatanas meòrachaidh leantainneach air ro-innleachdan co-chonaltraidh.

Tha na toraidhean a' cur cuideam air an fheum air còmhraidh dìreach le luchd-èisteachd gus molaidhean agus stiùireadh brìghmhor a sholarachadh. Ged a tha com-pàirt didseatach deatamach, tha luach mòr ga chur air eadar-chonaltraidhean pearsanta.

Tha molaidhean na h-aithisg a' còmhach:

- Lasachadh air builean àicheil cultar dàta-air-thoiseach ann an arc-eòlas.
- Fuasgladh chùisean timcheall air seataichean-dàta arc-eòlais iomallaichte agus sgaoilte.
- Meudachadh ruigsinneachd agus com-pàirteachadh do luchd-èisteachd.
- Conaltradh ri luchd-èisteachd agus measadh am beachdan, gus luach arc-eòlais don chomann shòisealta fharsaing a thuigsinn.

Gheibhear an aithisg iomlan air-loidhne aig www.archaeologyuk.org/our-work/puns2

CÙL-FHIOSRACHADH

Tha pròiseact Suirbhidh Fheumalachdan Cleachdaiche Poblach 2 (PUNS2) a' togail air an 'Suirbhidh Fheumalachdan Cleachdaiche Poblach' (PUNS) thùsail, a choilean CBA o chionn 25 bliadhna. Bha an t-suirbhidh thùsail a' rannsachadh cleachdadh air agus dùilean fhoillseachaidhean obair-làraich arc-eòlasach taobh a-staigh coimhearsnachd arc-eòlais na RA. Thog an t-suirbhidh thùsail air mì-riarachas a thaobh ruigsinneachd air aithisgean arc-eòlasach taobh a-staigh a' phroifeisein ach cha do chuimsich i air ruigsinneachd don phoball ann am farsaingeachd.

Leis an leudachadh anns an aois dhidseataich agus san stèidheachadh air àrd-ùrlaran mar an t-Seirbheis Dàta Arc-eòlasach (ADS) agus OASIS, tha pròiseact PUNS2 ag amas air am beàrn eadar an dà shuirbhidh a lìonadh, le bhith a' dèiligeadh ri mar a tha an cruth-tìre didseatach air buaidh a thoirt air conaltradh arc-eòlasach.

Is e ar n-amasan an roinn a chuideachadh:


- ♦ Mar a tha fiosrachadh arc-eòlasach air a roinn le a luchd-èisteachd.
- ♦ Luach poblach arc-eòlais a leudachadh le tuigse do fheumalachdan luchd-èisteachd agus luach do mhach-churan arc-eòlasach a shaidhbheachadh.
- ♦ Leantainn le measadh air àite fhoillseachaidhean arc-eòlasach agus an luach ann an àrdachadh tuigse do rannsachadh arc-eòlasach air feadh na RA.
- ♦ Toirt aithne do chudromachd èisteachd ghnìomhach agus còmhraidh dìreach le èisteachdan gus molaidhean agus stiùireadh brìghmhor a sholarachadh.

CÒ GHABH PÀIRT

Ghabh pròiseact PUNS2 modh-obrach eagarach measgaichte os làimh, a' gabhail a-steach ath-sgrùdaidhean litreachais, suirbhidhean, bùithtean-obrach, agus agallamhan gus dàta farsaing a thional mu fheumalachdan com-pàirt nan èisteachdan arc-eòlasach agus suidheachadh luchd-buileachaidh shusbaint. Fhuair am modh-obrach farsaing seo toradh de chòrr air 2,600 com-pàirtiche suirbhidh bho chùl-raointean arc-eòlasach agus neo-arceòlasach, 27 agallamhan mionaideach le prìomh luchd-cleachdaidh, rannsaichearan, saor-thoilich agus 16 bùithtean-obrach coimhearsnachd (8 a bha pearsanta agus 8 air-loidhne) le 290 compàirtiche, a' gabhail a-steach oidhirpean air conaltradh le buidhnean fo-riochdaichte.

Gu h-iomlan, chruinnich pròiseact PUNS2 beachdan bho 3,119 chom-pàirtichean air feadh na RA. Tha an t-sùim shusbainteach de dhàta a chaidh a thional, air in-sheallaidhean cudromach a thoirt seachad airson molaidhean a' phròiseict. Tha cothroman an làthair airson tuilleadh anailis agus coimeas a dhèanamh eadar diofar bhuidhnean is chruinn-eòlasan

(Sasann, A' Chuimrigh, Alba, agus Roinnean Shasainn) a dh'fhaodadh modhan-obrach nas ionadaile fhiosrachadh do shuirbhidhean coltach eile san àm ri teachd.



EARRANNAN LUCHD-ÈISTEACHD

Chomharraich pròiseact PUNS2 trì prìomh earrannan mar fhrèam-obrach bun-bheachdail airson nam buidhnean èisteachdan targaidte de phroifeiseantaich, acadaimigich, buidhnean saor-thoileach, agus am poball neo-speisealaichte, a thuigsinn. Chleachd sinn measgachadh de dhòighean, a' gabhail a-steach shuirbhidhean, bùithtean-obrach, agus agallamhan, gus in-sheallaidhean a thional bho gach earrann.

Aithnichte do Arc-eòlas:

Tha am buidheann seo a' gabhail a-steach dhaoine fa leth a tha gnìomhach ann an arc-eòlas, a' gabhail a-steach buill stèidhichte den choimhearsnachd arc-eòlasach, saor-thoilich, proifeiseantaich, a thuilleadh air buill den CBA no buidhnean arc-eòlasach eile, agus oileanaich. Tha iad a' riochdachadh a' phobaill fharsaing gus com-pàirteachadh le mach-churan agus tachartasan arc-eòlasach.

Ùr do Arc-eòlas:

Tha an èisteachd seo taiceil do arc-eòlas agus dualchas san fharsaingeachd, agus nas coltaiche coinneachadh ri arc-eòlas tro ghnìomhachdan dualchais eile, leithid tadhal air aitreabhan Dualchas no Urras Nàiseanta Shasainn. Dh'fhaodadh gu bheil iad cuideachd ag obair anns an raon dualchais fharsaing.

Arc-eòlas: Carson Mise?:

Is dòcha nach fhaic an èisteachd seo buntanas arc-eòlais dhaibhsan sa bhad, agus mar sin tha an in-ghabhail deatamach airson dèiligeadh ri cùisean riochdachaidh agus seallaidhean ùra air arc-eòlas a chumadh. Dh'fhaodadh gum bi am buidheann seo a' gabhail a-steach dhaoine fa leth a tha ag obair taobh a-staigh na roinne dualchais ach aig nach eil ceangal dìreach le arc-eòlas (m.e. Goireasan Daonna agus Rianachd).

Tha na toraidhean air ar stiùireadh a dh'ionnsaigh ath-mheòrachadh air an earrann Arc-eòlais: Carson Mise? agus an àite sin beachdachadh gu bheil an tuigse fhèin aig gach neach de an dàimh phearsanta leis an àm a dh'fhalbh, ach gu bheil iad a' compàirteachadh le mòran diofar eadar-mhìneachaidhean de arc-eòlas agus dualchas. Tha seo soilleir glè thric nuair a thathar a' dèiligeadh ri cuid de thaobhan do-bheantainneach dualchais, leithid dàimhean pearsanta, gnàthasan agus làmh-cheàrdan.

A BHEIL THU A' BUILEACHADH NO A' CAITHEAMH?

Bha 37% de luchd-freagairt na suirbhidh gam meas fhèin mar **'builichearan'** de shusbaint arc-eòlasach (thuir 20% eile 's dòcha) a chuir ri susbaint bho dhàta làraich gu meadhanan sòisealta, leabhraichean gu prògraman telebhisein, sgrìobhainnean poileasaidh gu geamannan bhidio. Dh'aontaich riochdairean gu h-ìomlan gur e adhbhar toraidh air susbaint arc-eòlasach, am poball agus an clàr eachdraidheil fhiosrachadh, le 99% ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir. Tha fiosrachadh na h-earrainn agus luchd-dèiligidh nan adhbharan cudromach cuideachd, le aonta fa leth de 96% agus 89%.

Tha nas lugha na leth de na riochdairean (47%) a' cuimseachadh air èisteachdan sònraichte airson an susbaint, le 16% mì-chinnteach mu dheidhinn a bheil iad a' dèanamh sin. Ach tha 86% de riochdairean ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir gu bheil iad a' cruthachadh susbaint le tuigse shoilleir air an èisteachdan targaidte. A thuilleadh air sin, tha 92% a' creidsinn gu bheil an t-susbaint aca ga cleachdadh mar bu chòir.

A dh'aindeoin na misneachd seo, chan eil ach 58% ag aithris a bhith a' toradh susbaint le adhbhar agus rùn soilleir. A bharrachd air sin, chan eil 59% de riochdairean a' tional ais-fhiosrachadh no dàta anailiseach bhon t-susbaint a tha iad a' cruthachadh agus a' roinn. Bha an dith cruinneachaidh seo air ais-fhiosrachadh ga choireachadh an toiseach air buidseat agus ùine chuibhrichte.

A bheil thu air pàirt sam bith den t-susbaint arc-eòlasach a leanas a dhèanamh / chruthachadh no a chur ris?





Tha seo a' togail na ceist: Ciamar as urrainn dhuinn a bhith misneachail ann an ruighinn èisteachdan agus aithne a bhith againn gu bheil sinn a' riarachadh a' phobail leis na tha iad ag iarraidh, às aonais luachadh cunbhalach?

SAOTHRACHADH CÒRDAICHTE

Nuair a chaidh faighneachd do riochdairean am b' urrainn dhaibh eisimpleir de dh'àm a thoirt seachad nuair a bha iad a' faireachdainn soirbheachail ann an ruighinn no conaltradh le an luchd-èisteachd targaidte, bha àireamh chudromach de dh'eisimpleirean co-cheangailte ri eadar-chonaltradh dìreach le èisteachd leithid cuairtean air làraichean, òraidean no obair ruigsinneach.

Is e aon mhìneachadh comasach airson seo gum faodadh suidheachaidhean far am faighear aise fhiosrachadh sa bhad a bhith a' faireachdainn nas soirbheachaile, gu h-àraid ma tha dìth ama no buidseat air riochdairean airson luachaidhean foirmeil a ruith.



Bha luchd-freagairt a' faireachdainn gum b' e 'àrainneachdan pearsanta no àiteachan taobh a-staigh mo choimhearsnachd' an dòigh a b' iomchaidh air sgaoileadh aig 91%, le meadhanan clò-bhuailte, làraichean-lìn, agus meadhanan sòisealta gu dlùth air an cùlaibh.


CAITHEADAIREAN

Fiù ged a bheireadh tu susbaint arc-eòlasach gu buil, tha thu buailteach a bhith nad ‘caitheadair’ cuideachd. Tha toraidhean na suirbhidh a’ sealltainn gur e leabhraichean an seòrsa susbaint arc-eòlasach as còrdaile a tha cleachdte le luchd-freagairt, le 87% de chom-pàirtichean a’ taisbeanadh gu bheil iad air an cleachdadh. Tha làraichean-lìn arc-eòlais a’ leantainn gu dlùth às an dèidh aig 84%.

Tha meadhanan sòisealta agus susbaint bhidio nas fhèillmhor am measg luchd-freagairt nas òige, fhad ‘s as fheàrr le luchd-freagairt nas sine irisean (iadsan a tha 65 bliadhna a dh’aois no nas aosta).

Chan eil an t-susbaint as motha a tha cleachdte le luchd-freagairt an-còmhnaidh co-thaobhaichte leis nas motha a tha air a chruthachadh le riochdairean, le aithisgean agus foillseachaidhean obair-làraich a’ tuiteam ann am meadhan nas motha a thathar a’ cleachdadh.

An do chleachd thu aon sam bith de na seòrsaichean susbaint a leanas a-riamh, mu no an lùib arc-eòlas?



MAR A THA SINN A' CAITHEAMH


Tha roghainnean de na seòrsaichean susbaint glè dhiofraichte a rèir buidheann aoise, le meadhanan sòisealta nas còrdaichte do luchd-freagairt nas òige agus èisteachd is eadar-obrachadh pearsanta nas còrdaichte do luchd-freagairt 35 – 44 bliadhna a dh'aois.

Tha YouTube a' seasamh a-mach mar am prìomh àrd-ùrlar tarsainn gach buidheann aoise, agus ged a tha Facebook air a mheas am measg luchd-freagairt nas aosta, 's e Instagram as fheàrr le luchd-freagairt nas òige.

A thuilleadh air sin, thuirt 90% de luchd-freagairt uile gun robh earbsa aca ann am buidhnean no eòlaichean a thaobh tùsan fiosrachaidh creidsinneach agus earbsach a thoirt dhaibh.

Faodaidh na h-in-sheallaidhean sin ro-innleachdan don àm ri teachd fhiosrachadh, airson conaltradh le èisteachdan eadar-mheasgte agus dèanamh cinnteach à ruigsinneachd agus buntainneas susbaint arc-eòlasach.


Dè an aois a tha thu agus ciamar as àbhaist dhut fiosrachadh / susbaint a lorg?



DÈ THA SINN A' CAITHEAMH


Tha toraidhean na suirbhidh a' sealltainn gu bheil daoine airson fiosrachadh arc-eòlasach a chaitheamh, a tha ruigsinneach, ann an doimhneachd agus pearsanta. Tha sgeulachdan cudromach, mar a tha ceangal le daoine agus àiteachan.

Bha luchd-freagairt fo 35 na bu bhuailtiche aontachadh gum bu chòir fiosrachadh arc-eòlasach a bhith 'an-asgaidh', 'eadar-obrachail', 'ùr-fhiosraichte', 'togail mo sheata sgilean', 'gam cheangal ri daoine no àiteachan', agus 'gam bhrosnachadh gu tuilleadh ionnsachadh'. Bha ginealaichean nas aosta nas buailtiche eas-aontachadh gum bu chòir arc-eòlas a bhith 'taisbeanta ann an dòigh as àbhaist dhomh fiosrachadh fhaotainn.'



Lorgar sgaradh nas motha san fhreagairt a thaobh an robh iad a' faireachdainn 'tha susbaint is fiosrachadh mu arc-eòlas cuimsichte gam ionnsaigh' - 57% ag aontachadh / aontachadh gu làidir an aghaidh 45% a dh'eas-aontaich / a dh'eas-aontaich gu làidir. Tha seo a' dol an aghaidh creideas nan riochdairean gu bheil fios aca cò na h-èisteachdan a th' aca (86%) agus a' cur loidhne fon fheum air barrachd rannsachaidh air èisteachdan agus tuigse ann an leasachadh susbaint.

Dh'aithris seasgad sa cheud de luchd-freagairt a bhith a' tighinn an aghaidh chnapan-starra ann an ruigsinn fiosrachadh arc-eòlasach mar thoradh air àite agus siubhal, agus dh'ainmich 46% bacaidhean ionmhasail. Tha ùine na bhacadh nach eil cho cudromach do 18 – 24 bliadhna a dh'aois, ach a' fàs mòran nas cudromaiche do 25 – 34 bliadhna a dh'aois. Bha bacaidhean ionmhasail nan cùis nas motha do 35 – 44 bliadhna a dh'aois na bha do luchd-freagairt nas sine.




GLUASADAN TEACHDAIL

Bu chòir do riochdairean roghainnean, ùidhean, agus feumalachdan nan diofar bhuidhnean a thuigsinn agus susbaint a chruthachadh a tha còrdail dhaibh. Tha seo a’ ciallachadh a bhith a’ dealbhadh susbaint a rèir aois, cùl-raon, agus ùidhean na h-èisteachd, mar a tha togte leis na diofar roghainnean airson caitheamh susbaint am measg diofar buidhnean aoise. Is iad leabhraichean agus làraichean-lìn arc-eòlais na seòrsaichean susbaint as fhèillmhor am measg luchd-freagairt, le meadhanan sòisealta agus susbaint bhidio nas còrdaile am measg luchd-freagairt nas òige fhad ’s as fheàrr le luchd-freagairt nas sine irisean clò-bhuailte.

Bidh ùisneachadh air cothlamadh de shianalan, a’ gabhail a-steach meadhanan sòisealta, làraichean-lìn, meadhanan clò-bhuailte, agus tachartasan pearsanta, a’ dèanamh cinnteach à ruigsinneachd agus conaltradh farsaing. A thuilleadh air sin, faodaidh cleachdadh air teicneòlasan a’ tighinn am bàrr leithid fìorachd bhiortail (VR), fìorachd mheudaichte (AR), agus meadhanan eadar-obrachail, eòlasan bogaidh agus com-pàirteachail a thoirt seachad. Faodaidh brosnachadh air eadar-obrachadh tro sheiseanan Q&A, coinneamhan lìn, agus puist mheadhanan sòisealta eadar-obrachail, faireachdainn de choimhearsnachd agus com-pàirt a bhrosnachadh.

Cuidichidh tional air ais-fhiosrachadh agus dàta anailiseach bhon t-susbaint a chaidh a chruthachadh agus a roinn, riochdairean a chuideachadh gu an èisteachd a thuigsinn nas fheàrr agus susbaint san àm ri teachd a leasachadh. Tha cumail suas ris an fhiosrachadh as ùire a thaobh nan gluasadan is teicneòlasan conaltraidh, riatanach airson oidhirpean conaltraidh a neartachadh.



A’ coimhead ris an àm ri teachd, tha a’ mhòr-chuid de dhaoine ag iarraidh cothrom air fiosrachadh arc-eòlasach gu didseatach, agus an uair sin gu deuchainneach, tro thachartasan pearsanta no com-pàirt dìreach. Dh’ionnsaich sinn cuideachd gu bheil 98% de ar luchd-freagairt suirbhidh ag aontachadh / aontachadh gu làidir gu bheil ‘arc-eòlas feumail’. Am measg nan adhabharan gu bheil arc-eòlas feumail ‘tha e a’ solarachadh fiosrachaidh mun àm a dh’fhalbh’, ‘ceadachadh dhuinn ionnsachadh bhon àm a dh’fhalbh’, ‘a’ toirt daoine còmhla’ agus ‘cruthachadh ceangal nas làidire chun an ama a dh’fhalbh’.

BUAIDH-PHUINGEAN BÙTH-OBACH


Ghabh 290 neach gu h-iomlan pàirt ann am bùithtean-obrach air-loidhne no gu pearsanta, a bha cuimsichte air an earrann èisteachd ‘Arc-eòlas – Carson Mise?’ Anns na bùithtean-obrach bha gnìomhachdan, deasbadaidh furasachta, agus mach-churachd cruthachail. Chruthaich com-pàirtichean collagaichean bho irisean agus bùird-sgeulachd a bha a’ nochdadh an ùidhean, agus rinneadh deasbad air mar a bu mhath leotha iad sin a roinn le càch.

Bha na bùithtean-obrach, gu h-àraid na collagaichean, fìor luachmhor ann an solarachadh in-shealladh air na bha ùidheil do dh’èisteachdan ‘nach robh a’ com-pàirteachadh’ agus dòighean air fiosrachadh arc-eòlasach a roinn:

- Cha do chùim com-pàirtichean air falbh bho chòmhraidhean doirbh; bha deasbadaidh mu thimcheall beusalachd cladhach, riochdachadh, ath-dhùthachadh, agus buaidh phoilitigs nas fharsainghe air aithrisean eachdraidheil.
- Tha cuideam ga chur air cudromachd na beatha làitheil: urracha mòra (i.e. riaghladairean, monarcan, daoine cliùiteach eachdraidheil) air nach tugadh iomradh tric.
- Tha feòrachas mu dheidhinn mar a tha nithean dèante, an dà chuid am pròiseas cladhachaidh ach gu h-àraid mar a bha daoine a’ dèanamh nithean san àm a dh’fhalbh.
- Tha ionadail cudromach, ach bidh daoine tric a’ toirt iomradh air nithean fada air falbh gu h-àraid mura robh an dùthaich dhachaigheil san RA.
- Tha dualchas pearsanta cudromach do chuid de bhuidhnean, ach chan eil na chuimse do chuid eile. Bha am beachd a bhiodh aig arc-eòlasan san àm ri teachd oirnn an-dràsta, na thèama inntinneach do chom-pàirtichean agus uaireannan a’ fighe a-steach thèaman seasmhachd agus atharrachadh gnàth-shìde.
- Nan robh com-pàirtichean a’ gabhail ceàrd no cur-seachad os làimh iad fhèin, bhiodh seo air a nochdadh an-còmhnaidh sna collagaichean aca.
- Bha fiosrachadh teacsail / àireamhail leithid tiotalan, fiosrachadh, figearan, agus mapaichean, glè thrì air a ghabhail a-steach do na collagaichean.
- Bha prìomh thèaman eile a’ gabhail a-steach dhàimhean daonnail le beathaichean, cruth-tìre, tiodhlacaidhean, agus creideamh.

Bha trusadh chom-pàirtichean airson nam bùithtean-obrach dùbhlach agus thog sin air an fheum air earbsachd a thogail le luchd-furastachaidh, a thuilleadh air beachdachadh air pròiseactan mar PUNS2 gus dàimhean obrach fad-amail fhurastachadh. Ach, bha na bùithtean-obrach fhèin àrd-shoibheachail, tlachdmhor do chom-pàirtichean, agus a’ solarachadh mòran in-shealladh do smuaintean is roghainnean dhaoine.





Chan e beagan de phoit bhriste a th' ann an [A]rc-eòlas, No, 's dòcha, cnàimh. 'S e na tha e ag ràdh, agus am pròiseas a thòisicheas e annainn fhìn, a' coimhead ris 's a' smaoinichadh air agus dìreach a bhith a' gabhail com-pàirt, agus cuideachd am faireachdainn iongantach sin a bhios aig neach gu bheil daoine air a bhith a' dèanamh seo airson 10an de mhìltean de bhliadhnaichean agus...carson a tha iomnaidh orm?

- Com-pàirtiche bùth-obrach

DÈ DH'IONNSAICH SINN?

Co-dhùnadh a h-Aon

Tha am fòcas làidir air cultar de 'clàr eachdraidheil' agus 'dàta an toiseach' a' ciallachadh gu bheil arc-eòlaichean ann an cunnart sinn fhìn, ar cleachdaidhean, agus an t-àite a th' againn sa chomann-shòisealta, fho-luachadh agus fhalach.

Tha an rannsachadh againn air rùn soilleir a thaisbeanadh airson arc-eòlas a bhith a' cumadh tuigse dhaoine don àm a dh'fhalbh, agus togail air cuspairean cuimsichte air daoine. Tha dragh ann gu bheil tional dàta ga phrìomhachadh gu calltachd eadar-mhìneachaidh, a' toradh ann nas lugha chothroman air ceangal a dhèanamh le èisteachdan.

A thuilleadh air sin, tha sgaradh na h-eileamaid daonna bho mhodhan arc-eòlasach a' di-cheangal leantainn agus tuigse do arc-eòlas bho èisteachdan, a dh'fhaodas mì-fhios a dhèanamh nas miosa agus buntanas is luach a' phroifeisein a sheacadh.

Co-dhùnadh a Dhà

Tha dàta arc-eòlasach iomallaichte agus sgaoilte.

Thaisbean an t-suirbhidh gu bheil caitheadairean a' sireadh fiosrachaidh a tha ùr, furasta fhaotainn air-loidhne, agus ruigsinneach. A rèir aois, bidh daoine cuideachd a' cleachdadh làraichean-lìn airson fiosrachadh. Ach, nochd na h-agallamhan feum san roinn air a thighinn còmhla agus obair is beachdan a roinn, agus seo a chleachdadh gus mach-churan nas motha a thoirt gu buil, gu barrail tarsainn raointean eadar-chuspaireil.

Tha stòran-dàta agus artaigilean le ruigsinneachd fosgailte fìor mhath, ach bu chòir an leasachadh barrachd gus ruigsinneachd agus in-ghabhaltas àrdachadh do dh'èisteachdan eadar-mheasgte.

Faodaidh dìth cothrom air dàta, cùisean ruigsinneachd, agus nàdar easaonaichte dàta èisteachdan a chumail a-mach, ach tha cothroman ann airson co-obrachadh agus a bhith cruthachail.

Co-dhùnadh a Trì:

Tha Beachd Traidiseanta air Arc-eòlas Fhathast Làn de dh'Uachdranachd, a' Leantainn gu Às-dhùnadh

Tha pròiseact PUNS2 air taisbeanadh gu bheil am beachd traidiseanta air arc-eòlas fhathast ga mheas uachdranach, a' leantainn gu às-dhùnadh air èisteachdan eadar-mheasgte.

Thog an t-ath-sgrùdadh litreachais agus na h-agallamhan draghan gu bheil dàta agus mach-churan arc-eòlasach glè thrì do-ruigsinneach mar thoradh air cleachdadh air cainnt teicnigeach agus dìth in-ghabhalachd. Faodaidh am beachd seo air uachdranachd, èisteachdan a dhi-cheangal bho bhuannachdan arc-eòlais agus buntanas is luach a' phroifeisein a chuibhreachadh. Ged a bha roghainnean mheadhanan ag atharrachadh le aois, bha e na iongantais gum b' e leabhraichean, irisean agus meadhanan clò-bhuailte an dòigh a bu thrice a bha luchd-freagairt sònraichte a' faighinn fiosrachadh (84%), le 43% a' cleachdadh leabharlannan. Nochd YouTube mar an t-àrd-ùrlar mheadhanan sòisealta a b' uile-làthaireach – air a chleachdadh le èisteachdan de gach aois – ged a dh'fhaodadh cleachdaidhean atharrachadh. Gu riatanach, feumaidh co-dhùnaidhean a thaobh mheadhanan a bhith air am beachdachadh ann an co-bhonn le ruigsinneachd agus in-ghabhalachd.

Thaisbean bùithtean-obrach gu bheil com-pàirtichean dioghrasach mu chom-pàirt ann an cuspairean toinnte beusail agus mìnichte, a' sealltainn gu bheil èisteachdan comasach air deasbadaan arc-eòlasach mionaideach a thuigsinn agus a luachadh.

Co-dhùnadh a Ceithir:

Tha taghadh, ais-fhiosrachadh agus luachadh èisteachdan a dhìth san roinn.

Tha Co-dhùnadh a Ceithir a' togail air dìth tuigse mu thimcheall taghadh luchd-èisteachd agus gainnead tracadh air ais-fhiosrachadh is luachadh ann an cleachdaidhean arc-eòlasach.

Ged a tha riochdairean misneachail san fharsaingeachd mu an èisteachdan san amharc, tha agallamhan a' nochdadh dhraghan mu bhith ag obair le bhuidhnean aithnichte gus targaidean èisteachdan a choileanadh, le buaidh bho rùintean luchd-dèiligidh airson àireamhan conaltraidh nas àirde.

Tha an dà chuid an t-suirbhidh agus agallamhan a' cur cuideam air an fheum air rannsachadh èifeachdach (Mapadh Èisteachdan) agus modhan-obrach luachaidh ruigsinneach. Tha an t-suirbhidh a' sealltainn gu bheil diofar bhuidhnean aoise a' freagairt ann an dòighean eadar-dhealaichte, a' tarraing aire gu a' bhuidhe a tha aig an t-seòrsa èisteachd air com-pàirteachadh.

Tha dìth ghoireasan agus an comas air mach-churan arc-eòlasach a luachadh gu h-èifeachdach na dhragh cudromach, a dh'fhaodadh leantainn gu às-dhùnadh air buidhnean èisteachd eadar-mheasgte agus lagachadh oidhirpean air buannachd phoblach arc-eòlais a thaisbeanadh.



CUR PUNS2 AN GNÌOMH

Tha sinn air ionnsachadh bho phròiseact PUNS2 gu bheil ùidh aig daoine anns na tha sinne, an roinn arc-eòlasach, a' dèanamh gu h-àraid a thaobh ciamar agus carson. Tha am pròiseas lorg a cheart cho cudromach ri ar n-in-shealladh air toraidhean nuair a tha iad air am faicinn mar phàirt den chòmhradh fharsaing.

Tha sinn air na prìomh mholaidhean a chur ri chèile dhaibhsan a tha a' cruthachadh no a' sgaoileadh susbaint arc-eòlasach gus ruigsinneachd gu diofar èisteachdan a mheudachadh.

RUIGHINN EARRANNAN 'ÙR DO ARC-EÒLAS' AGUS 'ARC-EÒLAS: CARSON MISE?'

Tha na molaidhean airson ceangal a dhèanamh leis na buidhnean èisteachd seo a' cuimseachadh air arc-eòlas a dhèanamh nas ruigsinniche, in-ghabhalaiche, com-pàirteachaile, agus nas mìnichte.

- Bu chòir do mhach-chur arc-eòlasach sam bith a bhith a' **gabhail a-steach mheòrachaidhean mun phròiseas arc-eòlasach**, mar a bha e a' faireachdainn, agus na co-dhùnaidhean nas fharsainge a dh'fhaodadh a bhith buntaineach don èisteachd.
- **Solarachadh gheàrr-iomraidhean goirid** aig toiseach aithisgean litreachais ghlas ag amas air na meadhanan ionadail (diofraichte bhon gheàrr-iomradh theicnigeach a tha gu làithreach a' tachairt), a' cleachdadh cainnt neo-eòlaiche gus na lorgadh a mhìneachadh, na tha e a' ciallachadh, agus far an lorgar barrachd fiosrachaidh.
- **Adhartachadh 'cuairtean' de dh'àrd-ùrlaran didseatach an-asgaidh agus fosgailte** far a bheil iad rim faotainn, agus tabhann stiùireadh air an cleachdadh, agus ma ghabhas e dèanamh, seiseanan trèanaidh a sholarachadh don phoball airson dàta arc-eòlasach sònraichte tasglannach a 'chladhach'.
- **Leasachadh susbaint YouTube no bhlogan** ag ionnsachadh do dhaoine mar a chladhaicheas iad a-steach do dhàta arc-eòlasach amh.
- **Àrdachadh àrd-ùrlaran fiosrachaidh a tha an làthair (mar Wikipedia)** agus ceangal air ais gu dàta arc-eòlasach amh.
- **Làn fheum a dhèanamh de mhodhan-obrach co-dhealbhaidh** ann am pròiseactan conaltraidh arc-eòlasach gus guthan eadar-mheasgte a ghabhail a-steach gu h-iomlan agus an fheum as fheàrr a thoirt à còmhradhean arc-eòlasach.
- **Fiosrachadh ann am mach-churan fhilleadh** bho ghoirid gu domhainn gus raon de thuigse a chomasachadh agus ruigsinneachd inntleachdail air susbaint arc-eòlasach a leudachadh.
- **Tabhainn mach-churan ann an diofar chànanan** agus dèan cinnteach gun gabh stuthan lèirsinneach a bhith air an eadar-mhìneachadh gu furasta le daoine aig nach eil Beurla, agus gu bheil teacs eile an làthair airson leughadairean sgriona.
- **Cleachd raon de mheadhanan airson èisteachdan a ruighinn**, a' gabhail a-steach leabhraichean, òraidean pearsanta, agus meadhanan sòisealta.
- **Biodh aithne agad air do luchd-èisteachd** tro rannsachadh air mapadh èisteachdan. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach cruthachadh phoileasaidhean is ro-innleachdan mach-chur is mheadhanan sòisealta le amasan pròiseict shoilleir, a' leantainn modh-eòlas Teòiridh Atharrachaidh agus suidheachadh Prìomh Chomharran Coileanaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' coileanadh d' èisteachdan agus cinn-uidhe.

- Tabhainn mach-churan agus susbaint dhidseatach pearsanta a tha eadar-obrachail agus iarr aise-fhiosrachadh sa bhad bhon luchd-èisteachd
- **Feumar beachdachadh air na modhan luachaidh uile a thaobh ruigsinneachd** – tha e comasach modhan luachaidh a cho-dhealbhadh le èisteachdan gus dèanamh cinnteach às an ruigsinneachd agus an in-ghabhalachd as àirde.

CEANGAL GU EARRANN AITHNICHTE DO ARC-EÒLAS

Gus an earrann seo a ruighinn nas fheàrr, a tha a’ caitheamh agus a’ toradh susbaint arc-eòlasach, tha molaidhean a’ cuimseachadh air leasachadh proifeiseanta a-staigh àrdachadh agus àrainneachd nas in-ghabhalaiche agus cho-obrachail àrach.

- Bu chòir do ghnàthaichearan com-pàirt **cothroman a shireadh airson an eòlas a roinn air an taobh a-staigh**, mar eisimpleir, le bhith a’ toirt arc-eòlaichean làraich a-steach do dh’obair com-pàirteachaidh.
- **Tha feum air trèanadh foirmeil** anns an dòigh air dàta eadar-theangachadh gu beusail agus gu h-ìomchaidh do dh’eadar-mhìneachaidhean airson diofar èisteachdan.
- Rannsachadh a’ chomais air **eadar-mhìneachaidhean, mach-churan cruthachail, agus meòrachaidhean a ghabhail a-steach ri taobh dàta amh** ann an tasglannan arc-eòlasach, a’ tarraing leasan bho roinn nan taighean-tasgaidh agus pròiseactan eile.
- **Stèidheachadh Còdan Giùlain gus àiteachan le spèis a chruthachadh airson com-pàirt** agus leasachadh shiostaman taic brìoghmhor (m.e. Ciad Chobhairichean Slàinte Inntinn) gus claoideachd bho chom-pàirt poblach a lasachadh, gu h-àraid ann an dèiligeadh ri beachdan dian.
- **Meudachadh cothroman do dh’èisteachdan eadar-mheasgte** a dhol an sàs ann an arc-eòlas agus beachdachadh air mar cheum dreuchdail feumail tro inntearnasan, greisean-ghnìomhachais, agus trèanadh. Dh’fhaodadh seo a bhith a’ gabhail a-steach fòcas air raon de sgilean gluasadach, a’ gabhail a-steach eòlas ann am meadhanan sòisealta (le comas air èisteachdan ùra a ruighinn).
- **Dèiligeadh ri ro-bheachdan mu dheidhinn mar a tha diofar ‘raointean’ de arc-eòlas a’ faicinn obair chàch a cheile**, a’ ginteadh tuigse nas fheàrr de mar a tha arc-eòlas ag obair mar shreath de chleachdaidhean. Bu chòir do chleachdaidhean com-pàirt a bhith air am beachdachadh gu co-ionann mar altan speisealta taobh a-staigh na deilbhe nas motha seo.
- **Tional bheachdan (ann am ‘Banca Bheachdan’) air a bhrosnachadh bhon luchd-cleachdaidh agus èisteachdan** – a’ tuigsinn gum faod na beachdan sin buntanas do èisteachdan àrdachadh.

MOLAIIDHEAN DO CHOIMISEANAIREAN

Ann a bhith ag obair do choimiseanairean (luchd-maoineachadh is luchd-dèiligidh), tha na molaidhean a’ cur cuideam air modhan-obrach a tha cuimsichte air èisteachdan àrach, agus taic a chur ri ruigsinneachd dàta gus a’ bhuannachd as fheàrr fhaotainn don phoball. Ma thachras leudachadh air agus tuigse nas doimhne do ar n-èisteachdan làmh-ri-làimh le ar coimiseanairean, is e turas co-roinnte a th’ ann a tha a’ meudachadh cudromachd arc-eòlais.

- **Tagradh do bhuannachd agus cothrom poblach.** Tha feum aig an roinn arc-eòlais air buannachd phoblach arc-eòlais adhartachadh còmhla, gu sònraichte a’ gabhail a-steach cothrom air a’ phròiseas arc-eòlasach fhèin. Bu chòir luchd-dèiligidh coimearsalta a mhisneachadh gu seo a dhèanamh comasach, mar eisimpleir, tro thadhal làraichean no tasglannadh a tha ruigsinneach.
- **Prìomhachadh maoineachadh do dhàta amalaichte.** Bu chòir do choimiseanairean maoineachadh sònraichte a riarachadh airson phròiseactan a tha a’ cuimseachadh air dàta arc-eòlasach a dhèanamh nas ruigsinniche, amalaichte, agus nas fhasa a chleachdadh le èisteachdan eadar-mheasgte, a’ gabhail a-steach maoineachadh do thrèanadh, leasachadh àrd-ùrlaran, agus cumail-suas fad-amail.
- **Misneachadh co-obrachadh** le bhith a’ brosnachadh mholaidhean a tha a’ taisbeanadh chom-pàirtichean eadar buidhnean arc-eòlais agus roinnean eile (m.e. teicneòlas, ealain, foghlam) gus mach-churan ùr-ghnàthach agus ruigsinneach a chruthachadh.
- Bu chòir do choimiseanairean gabhail ris gum faod àireamh bheag de chom-pàirtichean ùra àrd-ghnìomhach a bhith nas luachmhoire na àireamhan mòra de dhaoine aig a bheil ùidh mar-thà, **a’ gluasad fòcas bho dìreach uiread gu càileachd com-pàirt.**
- **Cur taic ri co-dhealbhadh** agus mach-churan a tha ag amalachadh ghnàthaichearan cruthachail agus beachdan eadar-mheasgte.
- Bu chòir do choimiseanairean a bhith air am buileachadh leis a’ bhuannachd a bhith làn-tuigseach do fheumalachdan ar n-èisteachdan a dh’ionnsaigh buannachd phoblach mheudaichte, gu h-àraid tràth ann am beatha a’ phròiseict.
- Obdachadh le coimiseanairean gus **amasan soilleir a leasachadh a thaobh obair cuimsichte air luchd-èisteachd** (m.e. a’ cleachdadh modhan na Teòiridh Atharrachaidh) agus an ealantas fhèin, stiùireadh, agus goireasan a chur an gnìomh ann an obair le èisteachdan. Tha comas ann air mach-churan stiùirichte bhon choimhearsnachd ùisneachadh ann an conaltraidhean an luchd-dèiligidh fhèin agus an oidhirpean air brannd a thogail.
- **Cruthachadh aithisgean luachaidh soilleir agus farsaing** a tha ag amas air coimiseanairean, a’ taisbeanadh mar a bha cinn-uidhe phròiseactan air an coileanadh, a’ sealltainn mar a tha in-sheallaidhean luachaidh a’ biathadh a-steach do dh’amasan buannachd phoblach (m.e. tro chomharran luach sòisealta), agus gu dearbhach a’ taisbeanadh fàilligidhean pròiseict sam bith mar chothroman ionnsachaidh.
- **Luachadh gu co-amail** don dà chuid amasan pròiseict don taobh a-staigh agus do luchd-dèiligidh, gus a dhèanamh comasach air leasan a thoirt air adhart.

DREUCHD THAGRAICHEAN

Tha tagraichean ag adhartachadh arc-eòlas agus roinn an arc-eòlais, a’ gabhail a-steach bhuidhnean ballrachd, buidhnean cothachaidh, agus co-chomhairlichean reachdail. Tha na molaidean do Thagraichean a’ cur cuideam air adhartachadh ruigsinneachd, co-dhealbhadh, agus com-pàirt beusail taobh a-staigh na roinne:

- **Adhartachadh arc-eòlas in-ghabhalach agus ruigsinneach** le bhith a’ cur air adhart ruigsinneachd, roinn air sgrùdaidhean cùise soirbheachail, agus eòlas is sgilean tarsainn na roinne. Adhartachadh agus furastachadh iomairtean co-dhealbaidh, gu h-àraid le buidhnean fo-fhrithheilte no às-dhùinte.

- **Àrdachadh buntanas sòisealta arc-eòlais** le bhith a’ cur taic ri leasachadh ghoireasan do dh’arc-eòlaichean agus arc-eòlas, gus com-pàirt a ghabhail ann an cùisean cudromach sòisealta, eag-eòlasach, agus eaconamach.
- **Togail comas roinne tro cho-obrachadh** agus buannachd phoblach a ghabhail a-steach do ro-innleachdan a tha a’ cumhachdachadh arc-eòlaichean mar ‘stiùirichean faicsinneach’. Ag àrach chom-pàirteachasan crois-roinne, gu h-àraid às leth mhodhan-obrach arc-eòlasach thasglannach.
- **Dèiligeadh ri sunnd sgioba-obrach** agus buaidh obair com-pàirt air an sgioba-obrach, a tha a’ gabhail a-steach a bhith mothachail do dh’eadar-mhìneachaidhean poilitigeach air arc-eòlas. Stiùiridhean agus acainnean a leasachadh airson dìon agus sunnd luchd-obrach ann an com-pàirt phoblach.
- **Leasachadh luachadh agus cleachdaidhean a tha stiùirichte le dàta** le bhith ag iomairt do dh’àrd-ùrlaran co-roinnte airson mapadh is luachadh luchd-èisteachd, a’ gabhail a-steach ath-mhìneachadh air soirbheachadh. Ag obair gus beachdan choimiseanairean a ghluasad seachad air slatan-tomhais ‘tòin air suidheachain’ gu tuigsinn air luach càileachd com-pàirt.
- **Tòiseachadh chòmhruidhean air co-obrachadh eadar-chuspaireil** airson mapadh luchd-èisteachd agus frèaman-obrach luachaidh.





LE TAING DHUIBHSE...

Cha b' urrainn do Phròiseact PUNS2 a bhith air a choileanadh às aonais taic luchd-maoineachadh a' phròiseict: Sasann Eachdraidheil, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Cadw. Fhuair sgioba a' phròiseict buaidh fìor mhòr à comhairle agus na tabhartasan bho ar Buidheann Charaidean Sgrùdach agus co-obrachaidhean taobh a-staigh na roinne arc-eòlais is àrainneachd eachdraidheil. Fhuair eadhon comhairle EDI bho Cheryl Garvey aig Labhair, Èist, Cruthaich agus ghabh Anna Cullum Associates luachadh a' phròiseict os làimh. Ann an sgioba PUNS2 bha Leah Hewardine is Liberty Hinze (Rannsaichearan a' Phròiseict) agus Kate Faccia is Katrina Foxton (Eòlaichean a' Phròiseict).

Gu fìor chudromach, tha sinn a' cur luach mòr air an ùine agus an oidhirp bho gach neach a chuir crìoch air an t-suirbhidh phoblaich agus a stad a bhruidhinn rinn aig tachartasan, co-labhairtean agus leabharlannan. Taing cuideachd dhaibhsan a thug seachad an ùine airson agallamhan agus am beachdan a roinn.

Tha sinn gu sònraichte taingeil do – agus a' leantainn air ar brosnachadh le – na mòran bhuidhnean coimhearsnachd a choinnich sinn air an t-slighe:

- ♦ Ionad na Crannaige
- ♦ Dualchas CAER
- ♦ Foillseachadh Cair Luthail Ròmanach
- ♦ Luchd-cùraim Òg Barking is Dagenham
- ♦ Caidreachas Ciorramachd Ghlaschu
- ♦ Leabharlann Poblach Lìte
- ♦ Luchd-ionnsachaidh ESOL Thurrock
- ♦ AAWAZ
- ♦ EYES 4 POSITIVITY
- ♦ Scotinform
- ♦ Buidheann Coimhearsnachd Bhoireannach Cùrdach is Buidheann Coimhearsnachd Òigridh Cùrdach

Tuilleadh fiosrachaidh a dhìth ort? Tha làn Aithisg PUNS2 ri faotainn air làrach-lìn CBA aig www.archaeologyuk.org/our-work/puns2

Maoinichte le



Funded by
UK Government



Historic
England



Cadw



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND